

am fagus do Dhia leis gach uile urram naomh agus muing-
hin, mar chloinn chum an Athar, a ta comasach agus toil-
eadh air cuideachadh leinn ; agus gur còir dhuinn urnuigh
a dheanamh maille ri daoine eile agus air an son.

101. C. *Ciod a tha sinn u'guidheadh anns a' cheud iarrtus ?*

F. Sa'cheud iarrtus (eadhon, "*Gu naomhaichear t' ainm*") tha sinn a' guidheadh gu ma toil le Dia sinne agus daoine eile a dheanamh comasach air e fein a ghlòrachadh anns gach aon ni leis am bheil e 'ga fhoillseachadh fein ; agus gu stiùradh e na h-uile nithe chum a ghlòire fein.

102. C. *Ciod a tha sinn a'guidheadh anns an dara iarrtus ?*

F. 'San dara iarrtus (eadhon, "*Gu tigeadh do rìoghachd*") tha sinn a' guidheadh, Gu biodh rìoghachd Shatain air a sgrios, agus rìoghachd nan gras air a meudachadh ; gu bi sinn fein is daoine eile air ar toirt d'a h-ionnsuidh, agus air ar coimhead innte ; agus gu biodh rìoghachd na glòire air a luathachadh.

103. C. *Ciod a tha sinn n' guidheadh anns an treas iarrtus ?*

F. 'San treas iarrtus (eadhon, "*Gu deanar do thoil air thalamh mar a nithear air neamh*") tha sinn a' guidheadh, Gu deanadh Dia sinn comasach agus deònach le ghras, gu eòlas a ghabhail air a thoil, agus a bhli freagarach is umhal d' i anns gach aon ni, mar a ta na h-aingil air nèamh.

104. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns a' cheathramh iarrtus ?*

F. Sa' cheathramh iarrtus (eadhon, "*Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran lathail*") tha sinn a' guidheadh, Gu faigheamaid, do shaor thoirebheartas Dé, cuibhrionn chuims-each do nithe maithe na beatha so, is gu mealamaid a bheannachadh leo.

105. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns a' chùigeadh iarrtus ?*

F. Sa' chùigeadh iarrtus (eadhon, "*Agus, maithe dhuinn ar fiacha, mar a mhaitheamaid d'ar luchd fiacha*") tha sinn a' guidheadh, Gu maitheadh Dia dhuinn gu saor ar n-uile pheacaidh, air sgà Chriosd ; agus is mò ar misneach